

Eòlas air Cànan

Airson aonad sam bith fhosgladh,
cliog air an tiotal taobh-staigh
Bookmarks, a chithear air an
làimh chli.




Buadhairean



Mineachadh:

facal a dh'innseas cò ris a tha rud coltach.




Stiùireadh do Thidsearan

Dèan cinnteach gun tuig a' chlann dè thathar a' ciallachadh le *buadhair*. Dh'fhaodadh iad liosta de bhuadhairean a sgrìobhadh mar bhuidhin no mar chlas. Tha fiosrachadh mu dheidhinn bhuadhairean ann an caibideil 3 den leabhar Facal air an Fhacal. Anns an earrann seo tha obair ann airson a' chlann a chuideachadh a bhith a' tuigsinn mar a nochdas bhuadhairean ann am faclarean, obair air bhuadhairean a' cleachdadh an thesaurus Dòigh eile air a Ràdh agus duilleagan-obrach stèidhichte air an dà rud seo agus air an teagastg a th' ann an Facal air an Fhacal.

* Tha obair fheumail air bhuadhairean anns an leabhar Eòlas air Cànan (Comhairle na Gàidhealtachd 1998). Ma tha an leabhar seo aig an sgoil, b' fhiach e an obair sin a dhèanamh mus fheuch na sgoilearan an obair a leanas.

* Tha tàrr bhuadhairean rin lorg anns an fhaclair Brìgh nam Facal. Seall don chloinn mar a chleachdas iad am faclair seo airson barrachd ionnsachadh mu bhuadhairean.

Coimhead air an fhacail **rìomhach** ann am Brìgh nam Facal.



* Sgrìobh na seantasan seo le beàrnan air a' bhòrd-dubh agus thoir ùine don chloinn na seantasan a sgrìobhadh, a' cleachdadh an fhaclair gus na beàrnan a lionadh.

- a) Smaoinich Sim gu robh Ealasaid (riomhach).
- b) Bha i na bu (riomhaiche) na nighean sam bith eile anns an sgoil.
- c) Bhruidhinn iad mu (riomhachas) a' bhanrighe.

* larr orra am facial **cosmhail** a lorg agus na seantansan seo a sgrìobhadh, a' cleachdadadh an fhaclair gus na beàrnana a lionadh:

- a) Tha e nas (cosmhaile) ri pioghaid na ri buidsidh.
- b) Bha an taigh (cosmhail) ri seada.

* Duilleag-obrach 1: obair air buadhairean ann am faclair. (Mus dèan iad ceist D air seo, dèan cinnteach gu bheil fhios aca ciamar a gheibh iad a-mach a bheil ainmear boireanta no fireanta.)

* Thig a' mhòr-chuid de buadhairean an dèidh ainmearan. (m.e. bàta dearg, nighean mhì-sgiobalta) ach tha feadhainn ann a thig **ron** ainmear cuideachd. Coimhead mar eisimpleir air **dearbh**.

Tha seo
a' sealltainn
gun sèimhich
dearbh
an ainmear

dearbh buadhair
coim. dearbha
1 ceudna; ceart; an t-aon: *is tu an dearbh dhuine a bha mi ag iarraidh; seo an dearbh rud.* **2** **dearbh cinnteach** glè chinnteach.
3 **gu dearbh(a)** gu fior, gu deimhinn.

eisimpleirean
a' sealltainn gun
tig am buadhair
seo **ron** ainmear

co-ghniomhair leis an
aon fhreumh

Seo buadhairean eile a thig ron ainmear an-còmhnaidh. Dh'fhaodadh am buidheann sgrìobhaidh no an clas na facail seo a lorg ann am faclair. Chì iad bho na h-eisimpleirean gu bheil an ainmear air a dhèanamh sèimh (le h) an dèidh nam buadhairean seo, ach nuair a tha an ainmear a' tùiseachadh le fuaimreag.

ath -	an ath cheum	corra - corra uair
deagh -	deagh dhuine	droch - droch aisling
priomh -	priomh phuingean	sàr - sàr sheinneadair
seann -	seann charaid	

Tha barrachd fiosrachaiddh mu bhuadhairean a thig ron ainmear uaireannan no an-còmhnaidh ann an caibideil 3 den leabhar Facal air an Fhacal.

Tha obair stèidhichte air an teagastg ann an Facal air an Fhacal air duilleagan-obrach 2 agus 3.



* Brosnaich a' chlann gus buadhairean eadar-dhealaichte a lorg le bhith a' cleachdadhan thesaurus Dòigh eile air a Ràdh.

m.e. Lorg am priomh fhacal **math** anns a' chlàr-amais aig toiseach an leabhair agus lorg an duilleag air a bheil e (td.37). Chì a' chlann gu bheil tòrr fhaclan an sin a dh'fhaodadh iad a chleachdadhan an àite 'math'. Dèan cinnteach gun tuig iad nach gabh a h-uile fear a chleachdadhan anns a h-uile suidheachadh agus brosnaich iad gus faclair a chleachdadhan cuideachd airson dèanamh cinnteach gu bheil am facial a thagh iad freagarrach.

Sgriobh na seantansan seo air a' bhòrd-dhubh agus iarr air a' chloinn an thesaurus agus am faclair a chleachdadhan gus facial freagarrach a chuir ann an àite 'math'.

1. Is toil leam mo sheanair. 'S e duine math a th' ann.
2. Fhuair mi prèasant math bho m' antaidh.
3. Rinn Eilidh math anns an deuchainn.
4. Bha càr math aig Siùsaidh.
5. "Tha sin math fhèin," thuirt an tidsear.

Èist ri na sgriobh a' chlann. Faighnich dhaibh carson a thagh iad am facial sin agus carson a tha e freagarrach. Brosnaich a' chlann gus thesaurus a chleachdadhan nuair a tha iad a' sgriobhadh.

Tha barrachd obrach air buadhairean ann an thesaurus air duilleag-obrach 4.

* Bruidhinn mu dheidhinn cuin a tha buadhairean feumail. An urrainn cus bhuadhairean a bhith ann am pìos sgrìobhaidh? Sgriobh an earrann seo air a' bhòrd-dhubh (no thoir lethbhreac do na sgoilearan) agus deasaich e mar chlas, a' toirt air falbh buadhairean nach eil feumail.



Bha Rionnag, an cù beag, dubh, aighealach, a' laighe na bhasgaid bheag, chofhurtail, dhonn air latha grianach, gaothach nuair a thàinig a charaid mòr, coibhneil, còir, ciallach Raineach a-null.

"Greas ort!" thuirt Raineach. "Trobhad còmhla riumsa. Tha na daoine anns a' bhaile bheag, sgiobalta, trang ag iarraidh ar cuideachadh feumail. Cha do thill balach modhail, òg, ruadh dhachaigh agus feumaidh sinn a lorg."

Ruith an dà chù luath, fhallain, cuideachail a-steach dhan choille mhòr, dhorch, shàmhach. Cha chuala iad fuaim airson àine mhòr, eagallach, iomagaineach ach chùm iad orra a' coimhead. Gu h-obann chuala Rionnag guth fann, eagallach, socair, òg agus ruith an dà chù luath, chuideachail, fhallain ga ionnsaigh. Lorg iad am balach beag, ruadh, sgìth, modhail na laighe air an lèr fhliuch, fheurach, bhog, shalach le adhbhramm goirt, pianail.

Bha am balach toilichte, taingeil agus sona am faicinn. "Nach math gun tòanig sibh," thuirt e. "Chan urrainn dhomh coiseachd ro mhath."

"Leum air mo dhruim leathann, mhòr, mholach agus bheir mise dhachaigh thu," thuirt Raineach ann an guth làidir, cinnteach, àrd.

Nuair a ràinig iad am baile beag, sgiobalta, trang thuirt a h-uile duine toilichte, sunndach, taingeil gur e coin ghlic, threun, dhàna, mhath a bh' ann an Raineach agus Rionnag.



* **Gèam:** Leugh an dàn seo gu math slaodach. Iarr air a' chloinn a h-uile buadhair a chluinneas iad a sgriobhadh air pìos pàipeir no, ma tha seo ro dhoirbh dhaibh, stad a chur ort a h-uile turas a chluinneas iad buadhair.

Fear a' Bhàta

Is **tric** mi sealltainn on chnoc as **àirde**
Dh'fheuch am faic mi fear a' bhàta,
An tig thu 'n-diugh no an tig thu màireach
'S mur tig thu idir, gur **truagh** a tà mi.

Tha mo chridh-sa **briste, brùite;**
'S tric na deòir a' ruith om shùilean;
An tig thu a-nochd, no 'm bi mo dhùil riut?
No 'n dùin min doras le osna **thùrsaich?**

'S **tric** mi faighneachd de luchd nam bàta,
Am fac iad thu, no 'm bheil thu **sàbhailt;**
Ach 's ann a tha gach aon diubah 'g ràtitinn,
Gur **gòrach** mise, ma thug mi gràdh dhut.

Gheall mo leannan domh gùn de 'n t-sioda;
Gheall e siud agus breacan **riomhach;**
Fàinn' òir anns am faicinn iomhaigh;
Ach 's eagal leam gun dèan e diochuimhn'.

Seo earrann eile a dh'faodadh sibh cleachdad airson a' ghèam seo.

Uaireigin den t-saoghal, bha cailleach **mhòr, fhiadhaich** a' còmhnaidh sa ghleann a bha seo. Thuitr daoine gur e buidseach a bh' intte. Ach am measg gach buaidh **eile** bh' air a' chailllich, bha gaol **mòr** aic' air cnothan. Bhiodh poca chnò aice crochte air stop a **h-uile** latha sa bhliadhna. Sin mar a fhuair i 'n t-ainm Cailleach nan Cnò.


Cha robh each a' rachadh far creig, bò a chailleadh a bainne ... nach b' e Cailleach nan Cnò a rinn siud. Ach mu dheireadh thall, dh'fhàs Cailleach nan Cnò **tinn** agus bha e **glè choltach** gur e 'm bàs a bh' oirre.

Thug i rabhadh **dainingeann** da cairdean, mas e 's gur e 'm bàs a bh' ann, iad a bhith **cìnnteach** am poca cnothan a thiodhlagadh aig a ceann.

Bha gille **tapaidh** an sin anns an àite aig nach robh mòran creideimh ann am feartan na cailllich agus thuirt esan ris thèin aon oidhche gum b' olc an airidh a leithid do chnothan **math** a leigeil a dholraig aig ceann na cailllich. Co-dhiù, air oidhche **àraidh**, nuair a ghabh an teaghlaich ma thàmh, thog mo bhalach an t-sluisaid air a ghualainn agus dh'fhalbh e don chladh a thogail poca chnò na cailllich.

Nuir a bha e teannadh faisg air a' chladh, cò thachair air ach **droch** dhuine aig an robh ainm a bhith na mhèirleach chaorach.






Buadhairean – duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Dè tha ann am buadhair?

b. Lorg na buadhairean seo ann am faclair (m.e. Brigh nam Facal). Leugh am mineachadh airson gach fear agus sgriobh seantans leis a' bhuadhair ann.



1. cumhang

2. mi-thoighidneach

3. droch

4. luideach

c. Cleachd faclair airson coimeas nam buadhairean seo a lorg gus crioch a chur air na seantansan.

1. (trom) Tha am baga seo nas na am fear eile.

2. (sanntach) Tha e nas na duine sam bith as aithne dhomh.

3. (math) Bha e na b' na bha dùil agam.
4. (grod) Tha am banana seo nas nan fheadhainn eile.
5. (sgith) Bha a casan a' fàs na bu leis a h-uile ceum.

d. Tagh buadhair **eadar-dhealaichte** airson gach ainmear gu h-ìosal.
*Cuimhnich gun tig a' chuid as mothà de bhudadhairean an **dèidh** ainmearan. Ma tha an t-ainmear fireanta chan atharraich am buadhair (m.e. balach beag) Ach ma tha an t-ainmear boireanta, feumaidh tu am buadhair a shèimheachadh. (m.e. nighean bheag).*

film òran pris

seòmar antaidh cupa

fideag bruach beinn



Buadhairean – duilleag-obrach 2

Ainm:

Am buadhair feartach agus am buadhair fiosrach

Tha buadhair **feartach** nuair a tha e a' tighinn leis an ainmear. Faodaidh tu buadhair feartach a thoirt às agus nì an seantans fhathast ciall.

m.e. Chunnaic mi nighean (bheag) a' cluich.

Tha buadhair **fiosrach** nuair a sheasas e leis fhèin. Ma bheir thu às e chaònan an seantans ciall idir.

m.e. Bha an nighean (beag).

a. Leugh gach seantans agus obraich a-mach a bheil am buadhair feartach no fiosrach.

1) Chuala mi rudeigin neònach a-raoir.



2) Ràinig mi baile. Bha e beag agus sàmhach.

3) Ràinig mi baile beag, sàmhach.

4) Thug Sile dhomh peitseag a bha gu math milis.

5) Thug Sile dhomh peitseag mhilis.

6) Is math a rinn thu!

7) Rinn thu obair mhath an-diugh!



b. Seo buadhairean feartach a thig ron ainmear. Tagh fear freagarrach airson crioch a chur air na seantasan a leanas:



deagh
seann

droch
ath

priomh
iomadach

gach
tri

a h-uile
a' chiad

- 1) Chaidh am Mhiniestar gu Éirinn a-raoir.
- 2) Bhuanach Mairi turas.
- 3) Bha chù aige.
- 4) Cheannaich mo bhràthair pacайдean criosp.
- 5) Bidh aimsir ann a-nochd.
- 6) Faodaidh tusa töiseachadh an thuras.
- 7) Is bliadhna o chunnaic mi e mu dheireadh.
- 8) Chunnaic mi phrògram a-raoir.
- 9) B' e sin thuras a bhuanach e càil.
- 10) Is toil leam a bhith a' dol air cuairt madainn.



Buadhairean – duilleag-obrach 3

Ainm:

Am Buadhair Fulangach

Tha buadhairean fulangach air an cleachdadh airson sealltainn dè chaidh a dhèanamh.

Tha -te aig deireadh buadhairean fulangach.

m.e. botal <i>briste</i>	(botal a chaidh a bhriseadh)
doras <i>dùinte</i>	(doras a chaidh a dhùnadh)

a. Cuir loidhne fon a h-uile buadhair fulangach anns an earrann seo:-

Choisich Ciorstag air a' ghainmhich le casan rùisgte ged nach robh sin ceadaichte dhi. Bha eagal air a màthair gum biodh glinne bhriste air an tràigh. Cha do ghoirtich i a casan idir ach thuit i air creag agus chaidh i dhachaigh le briosgais reubte fhliuch agus le glùn bhrùite ghoirt. Nuair a ràinig i an taigh bha an doras fosgalite. Shnàig i a-steach gus nach fhaiceadh a màthair i. Bha i toilichte nuair a chunnaic i briogais għlan thiormaichte air a leabaidh. Chuir i oirre a' bhriogais agus ruith i a-mach a chluich a-rithist.

b. Cleachd am faclair Brigh nam Falcal gus buadhairean fulangach a lorg agus cuir crioch air gach seantans. Tha a' chiad litir ann an camagan airson do chuideachadh.

1. Bha an doras ach dh'fhosgail mi e. (d)
2. Chunnaic mi rudeigin fon bhòrd. (f)
3. B' e bogsa le daoimeanan a bh' ann. (sg)



4. Bha rudeigin air cliathaich a' bhogsa. (s)
5. Bha bonn a' bhogsa le leabhaircian. (c)
6. Lorg mi leabhar agus thog mi e. (sò)
7. Bha a' chiad duilleag den leabhar ach
b' urrainn dhomh fhathast a leughadh. (r)
8. Thug mi leam an leabhar agus rinn mi cinnteach gu robh am bogsa
..... mus do dh'fhalbh mi. (d)



Buadhairean – duilleag-obrach 4

Ainm:

Cleachd an thesaurus dòigh eile air a ràdh airson na h-obrach seo.

- a. Coimhead air a' chlàr amais. Càit' am faigh thu am priomh fhacal 'fallain'?
- b. Tionndaidh chun na duilleige sin agus sgriobh trì facail bho 'fallain' a tha an aghaidh a chèile.
-

- c. Tagh buadhair freagarrach an àite 'fallain' airson nan seantansan seo:

1. Bha mi faireachdainn
2. Cha robh mi toilichte oir bha mi faireachdainn
3. Tha mi an dòchas gum bi thu a' faireachdainn
a-màireach.
4. Chunnaic e gu robh an duine gu dona

- d. Cleachd dòigh eile air a ràdh airson buadhair freagarrach eile a chur an àite nam faclan ann an clò Eadailteach. Cleachd an clàr fhaclan aig deireadh an leabhair airson do chuideachadh le bhith a' lorg nam faclan agus cleachd faclair airson dèanamh cinnteach gu bheil am facial a thagh thu freagarrach!

1. Dh'ith mi gu leòr agus bha mi **toilichte**.
2. Bha dreasa **snasail** air Beathag.



3. Bha cailleach *ghrànda* a' fuireach anns an taigh sin.
4. B' e àite *sàmhach* a bh' ann.
5. Bha Eilidh *gu math cinnteach aiste fhèin*.
6. Thuirt a h-uile duine gur e gille *treun* a bh' ann an Uilleam oir cha chuireadh rud sam bith eagal air.

.....
e. Lorg mi prèasant *freagarrach* airson m' antaidh.

1. Ràinig sinn lochan *beag*.
2. Shaoil mi gu robh rudeigin *annasach* mun àite.
3. Bha an obair ro *dhuilich* dhòmhosal.
4. Chunnait mi gu robh e *greannach*.



Bha Rionnag, an cù beag, dubh, aighealach, a' laighe na bhasgaid bheag, chofhurtail, dhonn air latha grianach, gaothach nuair a thàinig a charaid mòr, coibhneil, còir, ciallach Raineach a-null.

"Greas ort!" thuirt Raineach. "Trobhad còmhla riumsa. Tha na daoine anns a' bhaile bheag, sgiobalta, trang ag iarraidh ar cuideachadh feumail. Cha do thill balach modhail, òg, ruadh dhachaigh agus feumaidh sinn a lorg."

Ruith an dà chù luath, fhallain, cuideachail a-steach dhan choille mhòr, dhorch, shàmhach. Cha chuala iad fuaim airson ùine mhòr, eagallach, iomagaineach ach chùm iad orra a' coimhead. Gu h-obann chuala Rionnag guth fann, eagallach, socair, òg agus ruith an dà chù luath, chuideachail, fhallain ga ionnsaigh. Lorg iad am balach beag, ruadh, sgìth, modhail na laighe air an làr fhliuch, fheurach, bhog, shalach le adhbhrann goirt, pianail.

Bha am balach toilichte, taingeil agus sona am faicinn. "Nach math gun tòinig sibh," thuirt e. "Chan urrainn dhomh coiseachd ro mhath."

"Leum air mo dhruim leathann, mhòr, mholach agus bheir mise dhachaigh thu," thuirt Raineach ann an guth läidir, cinnteach, àrd.

Nuair a ràinig iad am baile beag, sgiobalta, trang thuirt a h-uile duine toilichte, sunndach, taingeil gur e coin ghlic, threun, dhàna, mhath a bh' ann an Raineach agus Rionnag.



Co-ghniomhairean

ciamar

Cuin



losos
Carson

Cuin Càite

Mineachadh:

faclan a dh'innseas dhut ciamar, cuin, càite no carson
a thachras rudeigin.



Stiùireadh do Thidsearan:

Aig Ìre D 5-14 Sgriobhadh feumaidh sgoilearan a bhith comasach air bruidhinn mu dheidhinn an cuid sgriobhaidh, a' cleachdadadh fhacal leithid 'co-ghniomhairean'.

Airson an cuideachadh deagh fheum a dhèanamh de cho-ghniomhairean nuair a tha iad fhèin a' sgriobhadh, feumaidh iad tuigsinn dè tha annta agus coimhead air mar a bhios sgriobhadairean eile gan cleachdadadh.

* Coimhead a-rithist air a' mhineachadh airson co-ghniomhair ann am Brìgh nam Facal.
(aig toiseach an leabhair no fo 'c' anns an fhaclair fhèin).

Coimhead air a' cho-ghniomhair '**an toiseach**':

an toiseach co-ghniomhair
a' tighinn ro chàch: *nì mi seo an toiseach agus
an uair sin nì mi sin.*

* Dèan cinnteach gun tuig iad uile gur e co-ghniomhair falal no abairt a tha a' toirt fiosrachadh air cuin, ciamar, càite, carson no de an uimhir. Tha a' chuid as mothach ag innse **cuin**, **ciamar** no **carson**.

* Iarr air na sgoilearan smaoineachadh air co-ghniomhairean eile a dh'innseas dhuinn **cuin** a thachair rudeigin agus liosta dhiubh a sgriobhadh (mar bhuidhinn no leotha fhèin). Brosnaich iad gu a bhith coimhead air an fhaclair airson dèanamh cinnteach gur e co-ghniomhairean a th' annta.

(m.e. **roimhe**, **idir**, **an-dràsta**, **a-nochd**, **mu dheireadh**, **tràth**, **cha do bhruidhinn e tuilleadh**).

* Dèan an aon rud airson co-ghniomhairean a dh'innseas **ciamar** a thachair no a thachras rudeigin. Seall dhaibh mar a nithean na co-ghniomhairean seo le bhith a' cur **gu ro** bhuadhairean: (m.e. gu luath, gu sunndach, gu h-obann ...) no le bhith a' cleachdadh falal beag eile (m.e. fior, ro, cho, uabhasach, gu math, glè, caran)

- Sheinn e *gu sunndach* ris fhèin.
- Ruith e *fior luath*.
- Stad! Tha thu a' dol ro *luath dhomh*.
- Tha mi a' dol cho *slaodach* 's as urrainn dhomh!
- Bha iad a' cluich *uabhasach math*.
- Choisich i *gu math slaodach*.
- Bha i a' bruidhinn *glè àrd*.
- Ghabh e a bhiadh *caran cabhagach*.

* Sgrìobh na co-ghniomhairean 'an seo', 'a-null', 'air dheireadh', 'air chall', 'am badeigin' 'an iar' agus 'air ais' air a' bhòrd-dhubh agus innis don chlas gur e co-ghniomhairean a dh'innseas **càite** a th' annta. Brosnaich iad gus liosta de cho-ghniomhairean eile a dhèanamh a dh'innseas càite an do thachair, no càit' an tachair rudeigin. Brosnaich iad gus faclairean a chleachdadh airson dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart agus airson barrachd a lorg. Bruidhinn mun diofar eadar m.e. 'suas' agus 'shuas' no 'a-steach' agus 'a-staigh' agus dèan cinnteach gur urrainn dhaibh an cleachdadh mus fheuch iad duilleag-obrach 2.

* Iarr air na sgoilearan am falal **'carson'** a lorg ann am faclair. Dè seòrsa facail a th' ann? (co-ghniomhair). Dh'fhaodadh a' chlann smaoineachadh air ceistean le 'carson'. Brosnaich iad gus co-ghniomhairean mar 'le sin', 'mar seo' agus 'uime sin' a chleachdadh nan cuid sgrìobhaidh. Dh'fhaodadh an clas no buidheann feuchainn ri seantansan a sgriobhadh a' cleachdadh nam faclan seo.

* Bruidhinn mu dheidhinn co-ghniomhairean a dh'innseas **dè an uimhir** (m.e. Tha e mòran nas mothà na mise. Dh'ith iad cus. Bha i caran fiadhaich. Chan eil mi a' tuigsinn idir!)

* Seo seantansan le co-ghniomhairean mun ghnìomhair **dh'ith** airson na 5 sheòrsaichean a shealltainn nas soilleire:

Dh'ith mi **mu thràth**. (CUIN)
Dh'ith mi **gu cabhagach**. (CIAMAR)
Dh'ith mi **thall an sin**. (CÀITE)
Dh'ith mi tòrr agus **le sin** chan eil an t-acras orm. (CARSON)
Cha do dh'ith mi **idir**. (DÈ AN UIMHIR)

* Leugh an earrann bheag seo bhon leabhar Diomhaireachd Caisteal Bhuirgh le Flòraidh NicDhòmhnaill. Iarr air na sgoilearan èisteachd airson co-ghniomhairean. An uair sin leugh a-rithist i agus iarr orra a h-uile co-ghniomhair a chluinneas iad a sgriobhadh sios. An urrainn dhaibh innse dè an gnìomhair ris a bheil iad a' buntainn?



Dhùisg Seumas **an toiseach**. Bha an triùir eile nan cadal ri thaobh anns an teanta. Laigh e ag èisteachd ri fuaimean an t-samhraidh. Pìos air **falbh** chluinneadh e am muir a' bualadh **socair** air an tràigh. Agus cha b' e naosg a bha os cionn na teanta **an-dràsta idir** ach uiseag. Air taobh **a-muigh** na teanta bha na cearcan a' sgròbadh 's a' gàgail.

td. 19 [Diomhaireachd Casiteal Bhuirgh](#) le Flòraidh NicDhòmhnaill (Acair 1993)

Seo earrann eile bhon aon leabhar a ghabhas cleachdadadh san aon dòigh:

“Tha sin ceart **gu leòr**,” arsa Seumas 's e a' tionndadh **air falbh** bhon doras. “Chan eil iad air ruighinn **fhathast**. Cha chreid mi nach b' fheàrr dhan dithis nighean cumail orra **sìos** chun a' chladaich aig a' cheann eile dhen tunail, agus fuirichidh sinne **an seo** ach an cluinn sinn dè tha na reubairean ag ràdh.”

Choimhead Fiona agus Sileas air a chèile. Bha an sùilean a' fàs cleachdte ris an dorchadas **a-nis**.

“Chan eil fhios agam,” arsa Sileas le eagal na guth ... “Cha chuala mi mu dhuine **riamh** a chaidh **sìos** an tunail. Dè ma tha am mullach air tuiteam **a-steach?**”

“Tillibh **air ais, a-rèist**. Siuthadaibh, tha mi a' cluinntinn ghuthan ...” arsa Seumas **gu mi-fhoighidneach**.

td. 19 [Diomhaireachd Casiteal Bhuirgh](#) le Flòraidh NicDhòmhnaill (Acair 1993)


* Dh'fhaodadh sibh earrann a thaghadh bho leabhar a tha an clas no buidheann leughaidh a' leughadh a-nis agus iarraidh orra na co-ghniomhairean a lorg.

* Tha obair ri dhèanamh air co-ghniomhairean air duilleagan-obrach 1 agus 2.

* Tha obair air co-ghniomhairean ann an Eòlas air Cànan 5-14 (Comhairle na Gaidhealtachd 1998)

* Tha barrachd fiosrachaidh air co-ghniomhairean ann am Facal air an Fhacal td.60 – 63.





Co-ghniomhairean - duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Cuir loidhne fón fhreagairt cheart:

1. Bidh co-ghniomhair ag innse barrachd
mu dheidhinn *ainmear*

buadhair
gniomhair

2. 'S e co-ghniomhair a th' ann *an ath-sheachdain / ann / amar.*

3. Tha an co-ghniomhair 'a-bhos' a' toirt fiosrachadh air *cuine/ càite/ ciamar?*

b. Cuir co-ghniomhair anns gach seantans airson sealtainn ciamar a bhios
rudeigin a' tachairt. Cuimhnich gun dèan thu co-ghniomhair le bhith
a' taghadh buadhair freagarrach agus a' cur facal beag *mar, gu, ro,*
cho, ris ... roimhe.

1. Choisich Anna a-mach às an taigh

2., chuala i fuaim.

3. Ruith i sìos an t-sràid 's a
b' urrainn dhi.
4. Ràinig i an taigh-deilbh agus chaidh i a-steach
5. Chòrd am fiolm rithe

C. Anns an earrainn seo tha tàrr cho-ghniomhairean a dh'innseas cuin a thachair rudan. Cuir loidhne fon h-uile co-ghniomhair a chì thu.

Dh'èirich Sìm tràth an ath-là agus ghabh e a bhracaist gun dàil.

Bha Eilidh na dùisg mu thràth.

“Dè nì sinn an-diugh?” dh'fhaighnich Eilidh.

“Bu mhath leamsa faicinn a bheil am bàta sin fthatast anns a' bhàgh,” fhreagair Sìm. “Ach fuirichidh sinn gus an tig lain. Tha e an-còmhnaidh fadalach ach bidh e an seo an ceart uair.”

Cho luath 's a nochd an caraid, chaidh an triùir aca sìos chun na tràghad. Chunnaic iad am bàta annasach a-rithist ach cha robh sgeul air na daoine a chunnaic iad roimhe.




Co-ghniomhairean - duilleag-obrach 2

Ainm:

a. Leugh na seantansan seo. Cuir cearcall timcheall air gniomh gach clàsa agus cuir loidhne fon h-uile co-ghniomhair a tha a' sealltainn càite an do thachair gniomh a' chlàsa. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

1. Dh'fhàg mi m' ad thall an sin.
2. Dh'fhosgail e an doras agus chaidh e a-mach.
3. Chuir i an leabhar air ais air an sgeilp.
4. Leum e suas air beinge airson sealladh na b' fheàrr fhaighinn.
5. "Thigibh air ais an seo anns a' bhad!" dh'èigh e gu feargach.
6. Chaidh mi a-null gu far an robh m' athair.
7. Chan fhaca e an toll agus thuit e a-steach.
8. Bha sinn a' cluich a-muigh oir bha a' ghrian a' deàrrsadhbh.
9. Thug mi e don bhoireannach a bha a' fuireach an ath-dhoras.
10. Choimhead e an-àird agus chunnaic e gu robh sgòthan dorcha a' cruinneachadh shuas anns na speuran.



b. Tagh sia co-ghniomhairean bhon bhogsa airson seantasan a sgriobhadh.

an ceart-uair
gu ciontach
gu h-obann

an ath-mhios
idir
air chall

gu sunndach
le sin
air fad

1.

2.

3.

4.

5.

6.



Riochdairean

orm mi
sinn seo
agad leis

Mineachadh

facal a riochdaiched a ainmear, no ghabhas cleachdadh an àite ainmeir



Stiùireadh do Thidsearan:

Tha tàrr riochdairean ann an Gàidhlig – riochdairean pearsanta (m.e. mi, sinn, e); riochdairean roimheach (m.e. agad, leis, orm); riochdairean sònrrachaidh (m.e. seo, sin) agus riochdairean dàimheach (a, an, na). Bu chòir fios a bhith aig sgoilearan aig Ìre D dè a th' ann an riochdair agus bu chòir comas a bhith aca riochdairean a lorg ann an teacs. Chan fheum iad innse, aig an ìre seo, dè seòrsa riochdair a th' ann.

Anns an aonad seo tha gnìomhan do na sgoilearan airson an cuideachadh gus riochdairean aithneachadh ann an teacs aichean agus riochdairean a chleachdadh ann an sgriobhadh.

Stuthan-teagaisg feumail eile:

Tha caibideil mu riochdairean anns an leabhar Facal air an Fhacal le Michel Byrne (Acair 2000), a dh'fhaodadh a bhith feumail do thidsearan.

Tha duilleagan-obrach feumail mu riochdairean, a ghabhas cleachdadh le sgoilearan aig Ìre D, ann an Èòlas air Cànan (Comhairle na Gàidhealtachd 1998).

Gníomhan do na Sgoilearan:

- * Lorg mìneachadh airson riochdair ann am faclair.
- * Sgriobh na seantansan seo far am faic a h-uile sgoilear iad. Iarr orra an riochdair, no na riochdairean, anns gach seantans a lorg.
 - a) Is tol leam pizza. (leam)
 - b) Chaidh iad uile dhan phàirc. (iad)
 - c) Chan eil sinne a' dol a-mach. (sinne)
 - d) Cuir ort a' bhriogais sin. (ort, sin)
 - e) Seo am fear a bha mi a' ciallachadh. (seo, a, mi)
 - f) Thachair mi ri Seumas agus thuirt e rium gu bheil baic ùr aige. (mi, e, rium, aige)
- Dèan cinnteach gun tuig a' chlann gur e riochdair a th' anns an fhacal 'a', ma tha e a' riochdachdadh ainmeir a tha a' tighinn nas tràithe anns an t-seantans, ann an clàs eile.
Seo an leabhar a cheannaich mi dhut.
Seo dòigh shiùblach a bhith ag innse: Seo an leabhar. Cheannaich mi dhut e.

Iarr air a' chloinn na seantansan seo a cheangal leis an riochdair beag 'a'.

- Is toil leam an t-òran. Chuala mi e a-raoir air an rèidio.

Is toil leam an t-òran a chuala mi air an rèidio a-raoir.

- Chuir thu baga air a' bhòrd. Thoir dhomh e!

Thoir dhomh am baga a chuir thu air a' bhòrd!

- Tha mi ag iarraidh na cèic teòclaid. Na ith e.

Na ith a' chèic theòclaid a tha mi ag iarraidh

- Coimhead air mar a tha an riochdair 'an' no 'am' a' tighinn le roimhear: (faic Facal air an Fhacal td. 70 airson barrachd air seo)


- Chì mi an tìr anns an robh mi nam bhalach.

- Sin an duine ris an do thachair sinn an-dè.

- Ràinig iad an taigh às an do ruith am mèirleach.

- Duilleagan-obrach 1 agus 2





Riochdairean - duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Cuir loidhne fon abairt as fheàrr a dh'innseas dè a th' ann an riochdair.

- Facal a dh'innseas co ris a tha ainmear coltach.
- Facal a cheanglas faclan no abairtean ri chèile.
- Facal a dh'innseas dhut ciamar, cuin, càite no carson a thachras rudeigin.
- Facal a ghabhas cleachdadh an àite ainmeir, gus sgriobhadh a dhèanamh nas sgiobalta.
- Facal a dh'innseas dè a tha rudeigin no cuideigin a' dèanamh, dè rinn iad, no dè tha iad a' dol a dhèanamh.

b. Dè an seòrsa faclan a tha na h-abairtean eile gu h-àrd a' mineachadh?

c. Cuir loidhne fo na riochdairean anns gach seantans.

- Thug e suiteis dhomh nuair a thàinig e dhachaigh.
- "Cò dh'innis sin dhi?" dh'fhaighnich i gu feargach.
- Chunnaic sinn anns a' bhùth iad.
- Thoir sin dhòmhsa anns a' bhad!
- Chuir e air a sheacaid agus dh'fhalbh e, a' smèideadh rium.

Riochdairean - duilleag-obrach 2

Ainm:

- a. Seo earrann bho leabhar ach chaidh ainmearan a chur ann an àite riochdairean. Cuir loidhne fon h-uile ainmear. Ath-sgriobh an earrann, ag atharrachadh cuid de na h-ainmearan gu riochdairean gus an rosg a dhèanamh nas siùbhlaiche. Cuimhnich, na atharraich a h-uile ainmear! Nuair a tha thu deiseil, leugh na sgriobh thu airson dèanamh cinnteach gu bheil e a' dèanamh ciall.

Mar a rinn Seònaid agus a màthair ann an Sliema, ghabh Seònaid agus a màthair cuairt air feadh nam bùithean, a' coimhead anns na bùithean nan nithean a chunnaic iad anns a' bhail' eile. Shuidh Seònaid agus a màthair sìos airson greiseag agus nuair a bha Seònaid agus a màthair nan suidhe, thàinig fear le each is cairt far an robh Seònaid agus a màthair, agus dh'fhaighnich am fear do Sheònaid agus a màthair an robh Seònaid agus a màthair airson am baile fhaicinn. Fhad 's a bha am fear a' bruidhinn bha an t-each a' cromadh a chinn ris an rathad mar gum biodh an t-each uabhasach sgith.

Dhírich Seònaid agus a màthair a-steach don chairt, agus dh'halbh an duine le Seònaid agus a màthair. Cho slaodach 's a bha a' chairt, bha Seònaid a' smaoineachadh, 's Seònaid cleachdte ri carbad. Air an t-slighe bha an dràibhear ag innse do Sheònaid agus a màthair beagan mun bhaile.

- b. Cuir crioch air gach seantans, a' tòiseachadh le riochdair dàimheach (a, an, am). Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

1. Sin an nighean ris an robh mi a' bruidhinn an-diugh sa mhadainn.
2. An toil leat am prèasant?.....
3. Chaidh sinn dhan taigh anns.....
4. Chunnaic mi film mu dheidhinn balach.....
5. An e sin am bogsa às.....?



Freagairtean

Duilleag-obrach 1

a. d)

b. a) buadhair b) naisgear c) co-ghniomhair e) gnìomhair

C. 1. e, dhomh, e

2. dhi, i

3. sinn, iad

4. sin, dhòmhsa

5. e, air, e, rium

Duilleag-obrach 2

a. Seo aon dòigh anns an gabhadh seo a sgrìobhadh. Gabh ri freagairtean sam bith a tha siùblach agus a' dèanamh ciall.

Mar a rinn Seònaid agus a màthair ann an Sliema, ghabh Seònaid agus a màthair (iad) cuairt air feadh nam bùithean, a' coimhead anns na bùithean (annta) nan nithean a chunnaic iad anns a' bhail' eile. Shuidh Seònaid agus a màthair (iad) sìos airson greiseag agus nuair a bha Seònaid agus a màthair (iad) nan suidhe, thàinig fear le each is cairt far an robh Seònaid agus a màthair (iad), agus dh'fhaighnich am fear (e) do Sheònaid agus a màthair (dhaibh) an robh Seònaid agus a màthair (iad) airson am baile fhaicinn. Fhad 's a bha am fear (e) a' bruidhinn bha an t-each a' cromadh a chinn ris an rathad mar gum biodh an t-each (e) uabhasach sgith. Dhìrich Seònaid agus a màthair a-steach don chait, agus dh'fhalbh an duine le Seònaid agus a màthair (leotha). Cho slaodach 's a bha a' chairt, bha Seònaid a' smaoineachadh, 's Seònaid (i) cleachdte ri carbad. Air an t-slighe bha an dràibhear ag innse do Sheònaid agus a màthair (dhaibh) beagan mun bhaile.

b. A-rithist, seo direach eisimpleirean. Gabh ri freagairt sam bith a tha freagarrach.

1. Sin an nighean ris an robh mi a' bruidhinn an-diugh sa mhadainn.

2. An toil leat am prèasant a thug mi dhut?

3. Chaidh sinn dhan taigh anns an robh am pàrtaidh.

4. Chunnaic mi film mu dheidhinn balach a ruith air falbh bho a phàrantan.

5. An e sin am bogsa às an tàinig an gèam seo?



Naisgearan

ach agus
airson ged
nuair gus no

Mineachadh:

facal (no faclan) a cheanglas faclan, clàsan no abairtean ri chèile.



Stiùireadh do Thidsearan:

Bidh sgoilearan aig an ìre seo a' cleachdadh naisgearan tric anns an sgrìobhadh aca ach 's dòcha nach eil fhios aca gur e naisgearan a th' annta.

Sgriobh na faclan **agus, ach** agus **no** air a' bhòrd-dhubh. Faighnich don chloinn dè seòrsa fhaclan a th' annta: ainmearan, buadhairean, gnìomhairean no rudeigin eile? Mura bheil fhios aca, iarr orra fear de na faclan a lorg ann am Brigh nam Falal. Chì iad an sin gur e naisgear a th' ann.

Coimhead air na faclan a-rithist. Dè th' aca ann an cumantas? An urrainn do na sgoilearan mìneachadh a sgriobhadh airson naisgear? Brosnaich iad gu seo fheuchainn.

Iarr orra am facial **naisgear** a lorg anns an fhaclair airson faighinn a-mach dè th' ann.
Seo dà dhòigh air an cuideachadh gu bhith a' tuigsinn dè tha am mìneachadh seo a' ciallachadh.

1) Sgriobh na faclan seo air a' bhòrd-dhubh:

pàipear peann

Seo dà rud fa leth. Iarr air a' chloinn facial a thaghadh a cheanglas an dà rud ri chèile:

m.e. **pàipear agus peann**
pàipear no peann...

Seall dhaibh gu bheil na faclan *agus agus no* a' ceangal nam faclan pàipear agus peann ri chèile. Dèan cinnteach gu bheil fhios aca nach e seantans a tha seo. Dh'fhaodadh a' chlann fhèin seantansan a dhèanamh suas a' cleachdad nam faclan seo.

2) Sgriobh dà sheantans air a' bhòrd-dhubh:

Chaidh mi dhachaigh.

Bha e anmoch.

Seo dà sheantans fa leth. Iarr air a' chloinn falal a thaghadh a cheanglas an dà abairt ri chèile

- me. Chaidh mi dhachaigh **oir** bha e anmoch.
Chaidh mi dhachaigh **a chionn is gu** robh e anmoch.
Chaidh mi dhachaigh **ged a** bha e anmoch.
Chaidh mi dhachaigh **nuair a** bha e anmoch.

* Coimhead air an naisgear **a chionn is gu**

am falal a mhìnichlear

seòrsa an fhacail

mìneachadh
eisimpleir de
chleachdadh

a chionn is gu naisgear
*oir; airson gu; o: feumaidh mi
rudeigin ithe a chionn is gu bheil an
t-acras orm.*

* Dh'fhaodadh a' chlann coimhead airson naisgearan eile anns an fhaclair agus liosta a dhèanamh dhiubh.

Seo liosta de naisgearan a dh'fhaodadh a bhith feumail:

- ach:** Bha mi sgìth ach chùm mi orm.
agus: Chunnaic mi m' athair agus choisich mi a-null thuige.
*** 's gu / 's nach:** Bha e cho trang 's nach do dh'èist e rium.
*** airson:** Cha deach mi a-steach airson nach robh mi cinnteach.
*** a chionn is gu (a chionn 's gu):** Ruith mi air falbh a chionn 's gu robh an t-eagal orm.
fhad 's a: Fhad 's a bha mi ruith, chuala mi ceumannan air mo chùlaibh.
*** far a:** Choimhead mi airson àite far am b' urrainn dhomh dol am falach.
ged a: Chan fhaca e mi ged a thàinig e glè fhaisg orm.
*** gus:** Cha do għluais mi gus an robh e fada air falbh.
an uair a (nuair a): Nuair a thill mi dhan taigh, cha robh sgeul air duine.
o (bho): Is fhada o nach do dh'ith mi.
on a (bhon a): Dh'ith mi tòrr on a bha an t-acras gam tholladh.
*** co dhiù:** Dh'fheumadh mi teicheadh co-dhiù am biodh e furasta no doirbh.
ma: Ma chluinneas mi duine, fuirichidh mi an seo.
mar a: Rinn e direach mar a dh'iarr mi air.
*** mura:** Chan fhaigh sinn dhachaigh mura seall thu dhomh an t-slighe!
na: Bha e na b' anmoiche na bha dùil agam.
*** nan:** Nam biodh fhiros agam càit' an robh mi, cha bhiodh e cho dona!
no: Cha robh mi cinnteach am bu chòir dhomh falbh an oidhche sin no an ath mhadainn.
oir: Cha do għluais mi oir bha mo chasan ro sgith.

* Às dèidh nan naisgearan seo atharraichidh **bha gu gu robh**.
★ Ma tha clàs a' tòiseachadh le naisgear aig toiseach an t-seantans, feumaidh tu cromag a chur aig deireadh a' chlàs sin.



* Bruidhinn mu dheidhinn mar a chleachdar naisgearan gus seantansan iomachruthach a sgrìobhadh agus mar a bhios seo a' dèanamh an sgrìobhadh nas inntinniche. Brosnaich iad gu measgachadh de sheantansan a chleachdadh anns an sgrìobhadh aca – seantansan goirid le aon ghnìomhair, (m.e. Dh'fhosgail e an doras.) agus seantansan nas fhaide le barrachd air aon chlàs air an ceangal le naisgear (m.e. Choisich e luath ged a bha a chasan sgith agus goirt.).

* Iarr air na sgoilearan seantans le naisgear a lorg ann an leabhar a tha iad a' leughadh. Brosnaich iad gu bhith a' coimhead airson naisgearan eile a bharrachd air 'agus' no 'ach'.


* Dèan cinnteach gun tuig a' chlann dè th' ann an clàs agus gun tèid seantansan nas fhaide a dhèanamh le bhith a' ceangal chlàsan le naisgearan.


* Sgrìobh an earrann gu h-iosal air a' bhòrd-dhubh agus coimhead oirre mar chlas (no mar bhuidhinn sgrìobhaidh). Dè tha ceàrr oirre? Tha an seantans ro fhada. Tha na clàsan uile air an ceangal le 'agus' no 'ach'. Iarr orra smaointinn ciamar a nì iad an earrann nas fheàrr. Dè na naisgearan a dh'fhàgadh iad às? Cuin a thòisicheadh iad seantans ùr? Càit' an cleachdadhdh iad naisgear eadar-dhealaichte?

Bha mi ag iarraidh biadh agus chaidh mi dhan bhùth ach b' e
Diciadain a bh' ann agus bha i dùinte agus bha agam ri dhol gu bùth
eile ach bha a' bhùth sin fosgailte agus cheannaich mi na bha mi ag
iarraidh ach cha robh airgead gu leòr agam agus dh'fheumainn rudeigin
a chur air ais ach bha mi d'reach a' cur tiona air ais air an sgeilp agus
lorg mi bonn eile nam phòcaid agus bha fhios agam gu robh gu leòr
agam agus thug mi an t-airgead don bhoireannach agus dh'halbh mi
ach chaill mi am bus agus b' fheudar dhomh coiseachd fad na slighe
agus bha mi cho sgìth ri cù.

* Tha barrachd obrach air naisgearan air **duilleagan-obrach 1 agus 2**. Airson duilleag-obrach 7 seall do na sgoilearan mar a dheasaicheas iad am paragraf, a' taghadh naisgearan freagarrach agus gam feuchainn anns a' pharagraf mus sgrìobh iad a-mach e. Brosnaich iad gu naisgear eadar-dhealaichte a chleachdadhdh a h-uile turas mas urrainn dhaibh. Chaithdheachadh a chur ann airson an cuideachadh.

* Tha tàrr obrach air naisgearan agus gèam le naisgearan anns a' phac-obrach Eòlas air Cànan (Comhairle na Gaidhealtachd 1998)






Naisgearan - duilleag-obrach 1

Ainm:

a. Dè tha ann an naisgear?

b. Sgriobh ochd naisgearan an seo. Mura bheil thu cinnteach an e naisgear a th' ann no nach e, coimhead ann am faclair.



C. Seo seantansan bhon leabhar Sràid na h-Eala le Màiri Anna NicDhòmhnaill. Lorg an naisgear (no naisgearan) anns gach seantans agus cuir loidhne fodha.

1. Bha daoine cho saorsainneil nuair a fhuair iad cuidheas Thorhall Sealgair is a charaidean, is gun do dh'fhairich gach neach togail nan cridhe.
2. Cha robh ach aon rud a dhith air Eilidh on a bha i sia bliadhna a dh'aois, ach cha tigeadh na faclan a-mach dhi.


3. Leum i gu a casan, is rinn i air an àradh suas chun na deice.

4. Cha robh dithis riamh cho taingeil nuair a thàinig a' mhadainn.

5. Bha de dh'eòin-mhara a' neadachadh ann is gun cumadh na h-uighean fhèin biadh riutha airson greis.

6. Ruith iad nan deann gu tuath, chun a' bhàigh, far an robh daoin' eile a' feitheamh orra.

C. Leugh seantans 6 a-rithist. Sgriobh e ann an dòigh eile, gun naisgear.



Naisgearan - duilleag-obrach 2

Ainm:

Seo paragraf le tòrr sheantansan goirid. Tagh naisgearan freagarrach airson nan seantansan ann an () a cheangal. Chaidh fear a dhèanamh dhut. Nuair a tha thu deiseil, leugh e airson dèanamh cinnteach gun dèan e ciall agus an uair sin sgriobh am paragraf ùr a-mach gu sgiobalta.

a chionn is gu robh

(Chuir mi orm mo chòta. ~~Bha~~ i fuar a-muigh.) (Bha i fhathast a' cur an t-sneachda. Chunnaic mi gu robh an speur làn de sgòthan dorcha.) Bha mi air mo dhòigh. (Ràinig mi an geata. Dh'fhosgail mi e.) (Thug mi ceum air adhart. Bha an rathad cho sleamhainn. Chaill mi mo chasan.) Thuit mi le brag. (Thòisich mi ri gàireachdainn. Bha mo chas gu math goirt.) Bha mi a' coimhead cho gòrach. (Thàinig duine seachad. Bha mi a' suidhe anns an t-sneachda.) (Thug e dhomh a làmh. Fhuair mi air èirigh.)

Chuir mi orm mo chòta a chionn is gu robh i fuar a-muigh.



Bha mi ag iarraidh biadh agus chaidh mi dhan bhùth ach b' e Diciadain a bh' ann agus bha i dùinte agus bha agam ri dhol gu bùth eile ach bha a' bhùth sin fosgailte agus cheannaich mi na bha mi ag iarraidh ach cha robh airgead gu leòr agam agus dh'fheumainn rudeigin a chur air ais ach bha mi dìreach a' cur tiona air ais air an sgeilp agus lorg mi bonn eile nam phòcaid agus bha fhios agam gu robh gu leòr agam agus thug mi an t-airgead don bhoireannach agus dh'fhalbh mi ach chaill mi am bus agus b' fheudar dhomh coiseachd fad na slighe agus bha mi cho sgìth ri cù.



Singilte agus Iomarra/Iolra

uain duine
 duine
daoine coin
 cu
fiacal uan
 fiaclan



Ro-ràdh:

Aig ìre D bu chòir sgoilearan a bhith comasach innse an e cumadh singilte no iomarra de dh'ainmear, no riochdair, a th' ann am facial. Le cuideachadh bho fhaclair, bu chòir dhaibh an cumadh ceart a chleachdadh anns an sgrìobhadh aca fhèin.

Stiùireadh do Thidsearan:

- Dèan cinnteach gun tuig na sgoilearan na briathran ‘singilte’ agus ‘iomarra’. Dh’fhaodadh iad fhèin mìneachadh a sgrìobhadh airson gach fear. Dèan cinnteach gun tuig iad gur e ‘iolra’ facial eile a thathar a’ cleachdadh airson ‘iomarra’.
- Leugh a-mach teacs (m.e. aithris bho phàipear-naidheachd no duilleag bho sgeulachd) agus iarr air a’ chloinn seasamh suas a h-uile turas a chluinneas iad ainmear no riochdair singilte agus suidhe sìos a h-uile turas a chluinneas iad iomarra.
- Iarr orra còig ainmearan singilte agus còig ainmearan iomarra a lorg ann an teacs (m.e. duilleag den leabhar leughaidh aca, no leabhar bhon leabharlann.)
- Seall don chloinn mar a lorgas iad an cumadh ‘iomarra’ de dh’fhaclan ann am faclair. Sgrìobh na h-ainmearan singilte seo air a’ bhòrd-dhubh, no ainmearan eile, agus iarr orra na h-ainmearan iomarra a lorg anns an fhaclair:

clòsaid dubhag mìlsean cladach ròpa

gùn ròn ugh uan

* Bruidhinn mu dheidhinn deiridhean nam facial iomarra. Dè an deireadh as cumanta? An smaoinich iad air ainmearan eile a tha a’ crìochnachadh le ‘-an’ no ‘-ean’?

* An àite a bhith toirt riaghailtean doirbh don chloinn air dè seòrsa iomarra a ghabhas diofar sheòrsaicéan de fhaclan, ionnsaich dhaibh cuid de na cumaidhean as cumanta agus abairtean iomarra a bhios feumail dhaibh nuair a tha iad a’ sgrìobhadh. Airson faclan eile, brosnaich iad gus faclair a chleachdadh.

* Dèan liosta de dh'ainmearan iomarra a tha a’ crìochnachadh le na litrichean ‘-ichean’ no ‘-aichean’.

- Coimhead air na faclan cumanta seo le iomarran neo-àbhaisteach:

bean – mnathan	duine – daoine	bòrd – bùird
caora – caoraich	leabaidh – leapannan	
abhairn – aibhnichean	beinn – beanntan	iasg – èisg
		eun - eòin
- Coimhead air ainmearan a tha a' ciallachadh barrachd air aon, ach a tha a' cleachdadh cumadh 'singilte': m.e. a' chlann, an crodh, a' mhuinntir
- Coimhead air mar a bhios an t-alt ag atharrachadh eadar singilte agus iomarra ann an diofar shuidheachaidhean:

am flùr – na flùraichean	fàile an fhlùir – fàile nam flùraichean
an cat – na cait	earball a' chait – earbaill nan cat
am balach – na balaich	baga a' bhalach – bagannan nam balach
an taigh – na taighean	doras an taighe – dorsan nan taighean

- * Beachdaich air dè thachras do dh'ainmearan (agus buadhairean) an dèidh 'dà'. Tha an t-ainmear singilte agus air a shèimheachadh:

m.e. turas - dà thuras cat donn - dà chat dhonn bogsa làn - dà bhogsa làn

*Dèan cinnteach gu bheil fhios aig na sgoilearan gur e **dà làimh, dà chois** agus **dà chluais** a th' ann. Iarr orra na h-abairtean seo a chleachdadh ann an seantansan.*


Gníomhan do na Sgoilearan:

Duilleagan-obrach 1 agus 2

- Ag obair ann am buidhnean beaga no còmhla ri caraid, dh'faodadh a' chlann òran traidiseanta a thaghadh, (bho chruiinneachadh mar 'Tog Fonn' mar eisimpleir), agus ainmearan a lorg ann. Iarr orra innse an e ainmear singilte no iomarra a th' anns gach fear agus, mas urrainn dhaibh, an atharrachadh bho singilte gu iomarra no bho iomarra gu singilte.

(Faic cuideachd duilleag-obrach 7 anns an aonad 'Eòlas air Cànan – Leughadh agus Sgriobhadh').





Singilte agus Iomarra - duilleag-obrach 1

Ainm:

A. Seo ainmeanan singilte. Sgriobh an t-iomarra airson gach fear. Cleachd faclair airson do chuideachadh:

- | | |
|--------------------|------------------|
| 1. cailleach | 6. stoirm |
| 2. uilinn | 7. gobhar |
| 3. piuthar | 8. dotair |
| 4. cù | 9. abhainn |
| 5. frèam | 10. mile |

B. Dèan an aon rud an seo, ach an turas seo feumaidh tu an t-alt atharrachadh cuideachd:

- | |
|--------------------|
| 1. am fàile |
| 2. an sgian |
| 3. an t-iasg |
| 4. am bàta |
| 5. a' gheug |
| 6. am fear |

- C. An turas seo, atharraich gach ainmear iomarra gu ainmear singilte.
Beachdaich an e ainmear fireanta no boireannta a th' ann!
1. na sgiathan 6. na cinn
2. na cuileagan 7. na làithean
3. na seòmraichean 8. na h-uachdarain
4. na teintean 9. na mnathan
5. na fidhlearan 10. na pocannan



Singilte agus Iomarra

- duilleag-obrach 2

Ainm:

a. Atharraich na faclan ann an clò trom bho singilte gu iomarra. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut, mar eisimpleir:

1. **crann a' bhàta** crainn nam bàtaichean
2. meanglain **na craoibhe**
3. **similear an taighe**
4. mèilich **na caorach**
5. cèileadaradh **an eòin**
6. **mallach na beinne**
7. **fear a' bhàta**
8. fuaim a' **mhotair-baic**

b. An turas seo, atharraich na faclan ann an clò trom bho iomarra gu singilte:

1. bainne **nam bò**
2. obair **nan nighnean**
3. muinnir **nam bailtean**
4. turas **nam bàtaichean**
5. comhartaich **nan con**
6. sgiathan **nam plèanaichean**
7. aodach **nam balach**
8. **tiotalan nan leabhraichean**

C. Atharraich na h-ainmearan iomarra seo gu singilte agus cleachd iad gus pìos bàrdachd a sgrìobhadh: Chan fheum thu a h-uile fear a chleachdad, ach feuch an cleachd thu co-dhiù ceithir dhiubh:

èisg

daoine

làithean

fèidh

clann

coin



Freagairtean – Singilte agus lomarra

Duilleag-obrach 1

A. 1. cailleachan 2. uileannan 3. peathraighean 4. coin 5. frèamaichean
6. stoirmean 7. goibhrean / gobhair 8. dotairean 9. aibhnichean 10. miltean

B. 1. na fàilean 2. na sgeinean / na sgineachan 3. na h-èisg 4. na bàtaichean
5. na geugan 6. na fir

C.

1. an sgiath	2. a' chuileag	3. an t-seòmar	4. an teine	5. am fidhlear
6. an ceann	7. an latha	8. an t-uachdar	9. a' bhean	10. am poca

Duilleag-obrach 2

A. 2. meanglain nan craobh 3. similearan nan taighean 4. mèlich nan caorach
5. cèilearadh nan eun 6. mullaich nam beanntan 7. fir / luchd nam bàtaichean
8. fuaim nam motair-baicean

B.

1. bainne na bà 2. obair na nighinne / obair na h-ìghne 3. muinntir a' bhaile
4. turas a' bhàta 5. comhartaich a' choin 6. sgiathan a' phlèana
7. aodach a' bhalaich 8. tiotal an leabhair.

C. freagairtean nan sgoilear fhèin

